

Ainmean-àite Lochlannach ann an Alba

Thug na **Lochlannaich**, a dh'fhuirich anns na tirean air an tug iad ionnsaigh, buaidh air cànan agus cultar nan àiteachan sin. Bha **Gàidheil** agus **Cruithnich** ann an Alba mus tainig na Lochlannaich anns an 9mh linn agus bha ainmean-àite aca anns na cànanan a bha iad a' bruidhinn aig an àm sin.



Nuair a thàinig na Lochlannaich agus a chruthaich iad coimhearsnachdan stèidhichte ann an eileanan na h-Alba agus ann an ceann a tuath na dùthcha, thug iad buaidh mhòr air a' chànan.



Gheibhear eisimpleirean de **dh'ainmean-àite** a tha a' tighinn bho fhreumhan Lochlannach air feadh na h-Alba. Ann an eileanan mu thuath, **Arcreibh** agus **Sealtainn**, tha a' chuid as mothach dhe na h-àiteachan air a bheil sinn eòlach an-diugh a' tighinn bhon Lochlannais.

Tha sin air sgàth 's gun robh na h-eileanan sin fo smachd nan Lochlannach fad iomadh linn agus leis gun deach mòran thuineachaidhean Lochlannach a stèidheachadh anns na h-àiteachan annta.



geodha/gjá



**Mar a shaoileadh tu, bho bhuidheann a bha gu
mòr an sàs ann an siubhal mara, tha mòran dhe
na faclan Lochlannach a tha air tighinn
dhan Ghàidhlig co-cheangailte ris
a' mhuir.**



Tha an dà fhacal '**sgeir**' (creag anns a' mhuir) agus '**geodha**' (caolas mara le bearraidhean casa air gach taobh) a chithear gu tric ann an ainmean air feadh na Gàidhealtachd 's nan eilean a' tighinn dìreach bho sheann chànan nan Lochlannach. 'S e '**sker**' agus '**gjá**' na faclan Lochlannach airson nan cruthan-tìre sin. Tha '**sgeir**' agus '**geodha**' nan eisimpleirean de dh'fhaclan Lochlannach air a bheil dreach Gàidhlig.

**Tha mòran de dh'ainmean-àite eile
ann cuideachd a tha aithnichte a-nis
mar ainmean Gàidhlig, ach chan eil
teagamh nach eil freumhan
Lochlannach aca.**

